

Fiosrachadh coitcheann



Bùird-fhiosrachaidh, Ìrean 0, 1, 3
Tha na bùird-fhiosrachaidh ann an talla an dorais a-steach agus doras a-steach an tùir.

Tha tiocaidan airson tachartasan is taisbeanaidhean gan reic aig bòrd-fhiosrachaidh ann an talla an dorais a-steach agus, fhad 's a tha taisbeanadh a' dol, aig bòrd tiocaidan an taisbeanaidh air ìre 3.

Seòmar nan còta, Ìre 0
Faodar còtaichean agus bagaichean fhàgail ann an seòmar nan còta ann an talla an dorais a-steach. Cosgaidh seo airgead agus tha cuingeachadh air cudrom.

Inntrigeadh
Tha àrdaichearan a' dol gu gach ùrlar, tha taighean-beaga so-ruigsinneach ann, taigh-beag le àite nam badan agus cathraichean-cuibhle air iasad o na deasgaichean fiosrachaidh.

Tha lùban ion-ductaidh an sàs aig na deasgaichean fiosrachaidh agus san ionad-èisteachd. Tha treòir nan tursan "Hearing Helper" ri fhaighinn do thursan – faighnich mu dhèidhinn aig an deasg fiosrachaidh ann an talla an dorais a-steach.

Gabhaidh tursan sònraichte do dhaoine aig a bheil ciorraman-lèirsinn no a dh'fheumas eadar-mhìnich BSL a chur air dòigh ro làimh. Cuir fòn gu **0131 247 4040**, tadhail **nms.ac.uk/tours** no cuir post-d gu **tours@nms.ac.uk**.

Tha fàilte ro choin-thaice chomharraichte agus chlàraichte.

Togail dhealbhan
Tha fàilte romhad dealbhan a thogail san taigh-tasgaidh agus an co-roinneadh sna meadhanan sòisealta. Ma tha thu airson trì-chasach no solais shònraichte a chur gu feum no dealbhan coimeirsealta a thogail, faighnich aig an deasg fiosrachaidh.

Chan fhaodar dealbhan a thogail sna taisbeanaidhean.

Tursan sgoile 's bhuidhnean
Airson barrachd fiosrachaidh mu thursan sgoile cuir post-d gu **schools@nms.ac.uk** no airson turas buidhinn treòraichte a chur air dòigh cuir post-d gu **tours@nms.ac.uk** no airson turas buidhinn gun treòrachadh cuir post-d gu **groups@nms.ac.uk**

Do theaghlaidhean



Tachartasan teaghlaidhean
Tha prògram loma-làn de thachartasan do theaghlaidhean le clann de gach aois againn, a' gabhail a-staigh gnìomhachdan cunbhalach sna gailearaidhean nach fheumar clàradh air an son. Airson barrachd fiosrachaidh, tog bileag *Taisbeanaidhean is tachartasan* no faighnich aig deasg fiosrachaidh.

Lorgan-coise teaghlaidhean
Tog aon dhe na lorgan-coise an-asgaidh againn aig an deasg fiosrachaidh a thadhail air na gailearaidhean air dòigh caran eadar-dhealaidhean.



Imagine, Cultaran an t-saoghail, Ìre 1
Chaidh an lorg-coise seo a dhealbhadh gu sònraichte do theaghlaidhean le clann òga 's bith cothrom ann ceòl a dhèanamh, sgeulachdan innse agus ealain a chruthachadh sa gailearaidh seo, brosnachaidhean leis na nithean o fheadh an t-saoghail.

Adventure Planet, An saoghal nàdarra, Ìre 5
Seo àite fìor-mhath do luchd-rannsachaidh òg airson sùil a thoirt air an t-saoghal nàdarra tro na gnìomhachdan, saothraichean fuasglaidh agus geamannan againn a tha stèidhichte air nàdar.

Discovery Zones, Gailearaidhean na h-Alba, Ìrean -1, 1, 3, 5
Cluich geamannan, fuasgail tòimhseachan no cuir aodach dhaoine à eachdraidh na h-Alba ort.

Gailearaidhean saidheans is teicneolaig, Ìrean 1, 3, 5
Tha na gailearaidhean seo loma-làn de thaisbeanaidhean eadar-ghnìomhach agus gnìomhachdan làimhe, eadar na bailiùnaichean adhair theth ann an *Explore* agus cuibhle mhòr na cumhachd ann an *Energise*.

Carbadan-leinibh agus badan naoidheanan
Faodar carbadan-leinibh paisgte fhàgail ann an seòmar nan còta ann an talla an dorais a-steach; cosgaidh seo airgead. Tha seòmar nam badan air gach ùrlar ach Ìre 6.

Fàilte

Bheir am mapa seo fiosrachadh feumail dhut is tu a' tadhal oirn agus seallaidh e dhut cuid dhe na nithean as fheàrr leinn. Cha leig thu leas ach barrachd fiosrachaidh iarraidh air sgioba an luchd-tadhail againn.

Bheir na cruinneachaidhean againn a tha am measg na feadhainn as fheàrr san t-saoghal air thuras thu tro eachdraidh na h-Alba, mìorbhailean an nàdair agus iomadh cultar o fheadh an t-saoghail. Fàs eòlach air mòr-lorgan saidheansail is gabh tlachd is annas de dh'obair-ealain, dealbhadh agus fasan air feadh nan linntean. Eadar an fhàidhe as lugha agus soithichean-fànas ana-mhòr, eadar na linntean àrsaidh agus an latha an-diugh, tha mìle sgeulachd ri lorg ann.



'S urrainn dhut do shlighe fhèin a dhèanamh leis a' mhapa seo no gabh stiùireadh o na nithean air an taobh eile agus faigh lorg air cuid dhe na nithean as prìseile againn. Ma tha thu a' tadhal oirn le clann, tog aon dhe na lorgan-coise teaghlaidhean againn aig an deasg fiosrachaidh ann an talla an dorais a-steach no luchdaich a-nuas iad on làrach-lìn againn **nms.ac.uk/trails**.

Airson fiosrachadh mu na tha a' dol an-diugh, a' gabhail a-staigh nan taisbeanaidhean làithreach againn, tog bileag *Taisbeanaidhean is tachartasan* no faighnich aig an deasg fiosrachaidh.

Tha treòir mar chumhneachain ri cheannach sna bùthan againn, aig na deasgaichean fiosrachaidh agus air loidhne. Cleachd e air an latha no gabh tlachd ann aig an taigh.

Mapa



Cuir taic ri taighean-tasgaidh nàiseanta na h-Alba

Mar charthannas, tha sinn an eisimeil thabhartasan airson cùram a ghabhail de dh'ùlaidhean na h-Alba agus beatha a chur sna sgeulachdan aca. Nach cùm thu taic rinn 's tu a' toirt tabhartas dhuinn an-diugh?

Mòran taing.

Thoir tabhartas air loidhne aig **nms.ac.uk/supportus** no cuir e sna cothain tabhartais againn.

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba nan carthannas Albannach, àir. SC011130


Tha **Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba** am measg brod nam buidhnean de thaighean-tasgaidh san Roinn-Eòrpa. Tha na mìlean de dhaoine a' gabhail tlachd sna ceithir taighean-tasgaidh againn gach bliadhna agus tha sinn a' gabhail cùram aon dhe na cruinneachaidhean as iomadaiche san t-saoghal. Tha na cruinneachaidhean seo a' toirt cothrom dhuinn ar nàisean agus an saoghal mun cuairt oirnn a rùrachadh, a dheasbad agus a chomharrachadh.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Dùn Èideann
Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh, Caisteal Dhùn Èideann
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Ìtealaich, Lodainn an Ear
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail, Cille Bhrìghde an Ear

Cùm suas rinn
Clàraich airson na cuairt-litreach dhigiteach againn aig: **nms.ac.uk/signup**



Cùm taic ri ath-chuairteachadh
Mur eil feum agad tuilleadh air a' mhapa seo 's mur eil thu airson a chumail, nach till thu e gu deasg fiosrachaidh?



Biadh is seopadaireachd



Cafaidh a' Bhalconaidh, Ìre 3, 10m–4:45f
Gabh fois sa chafaidh againn le deoch, biadh beag is fuineadaireachd.

Brasserie an Taighe-thasgaidh, Ìre 0, 10m-5f
Tha biadh againn a tha air ùr-dheasachadh de bhathar ionadail, clàr-bidh cloinne, cèicichean air ùr-fhuineadh gach latha an sin fhèin agus cofaidh a bhuannaich duaisean.



Taigh-bidh an Tùir, Ìre 5, 10m–11f (glèidheadh-àite mu dheireadh)
Brod biadh na h-Alba agus sealladh thairis air Cathair Dhùn Èideann. Fosgailte fad an latha airson airson lòn, ti feasgair agus dinnear. Cuir fòn gu **0131 225 3003** airson àite a ghlèidheadh no tadhail air **tower-restaurant.com**

Cuirmean-cnuic, Ìre 0
Tha àite ann do bhuidhnean aig cùlaibh talla an dorais a-steach aig an deireadh-seachdain agus rè làithean-saora nan sgoiltean airson cuirmean-cnuic lòn – bruidhinn ris an luchd-obrach.

Chan fhaodar biadh ithe no deoch òl ann an gailearaidhean an taighe-thasgaidh.

Bùthan
Tha na bùthan againn loma-làn de chumhneachain àraidh agus prèasantan snasail eadar taghadh farsaing de làmh-cheàrdan is seudan Albannach, sreath-bhathar agus cairtean, deàideagan is leabhraichean.

- Talla an dorais a-steach, Ìre 0
- Doras a-steach an Tùir, Ìre 1
- For-thalla Gailearaidh nan Taisbeanadh 1, Ìre 3

'S urrainn dhut rudan a cheannach air loidhne cuideachd aig **nms.ac.uk/shop**


Dèan barrachd san taigh-tasgaidh



Rùraich na cruinneachaidhean againn air loidhne
A bheil thu a' sireadh barrachd fiosrachaidh mu na nithean a chithear san taigh-tasgaidh? Tadhail air **nms.ac.uk/explore** airson sgeulachd, filmichean agus geamannan a bheir sùil nas gèire air na cruinneachaidhean againn.



Mode – Treòir fasain air an fhòn agad
Rùraich brod nan nithean sa gailearaidh *Fasan is Stoidhle* againn air loidhne aig **nms.ac.uk/mode** Faidh sealladh mìorbhaileach dhe na nithean brosnachaidhean le na dlùth-sheallaidhean ceithir-thimcheall orra. Cùm sùil airson comharra Mode sa gailearaidh.



Lorgan-coise an taighe-thasgaidh
Luchdaich a-nuas aon dhe na sia lorgan-coise teaghlaidhean agus fàs eòlach air an taigh-tasgaidh air dòigh gu tur ùr. Cluich "Chì mi fada bhuam", falbh air safari fhèineagan no coilean am misean fànais againn. **nms.ac.uk/trails**

Na cail an cothrom!

Airson fiosrachadh mu thachartasan, òraidean is taisbeanaidhean an latha, tog bileag *Exhibitions & events* no faighnich dhen sgioba luchd-tadhail againn..

Tursan stiùirichte an-asgaidh
Airson eòlas nas doimhne air na cruinneachaidhean againn, gabh pàirt ann an turas stiùirichte làitheil an-asgaidh. Mairidh na tursan seo mu uair a thìde agus tòisichidh iad aig an àite chruinneachaidh ann an talla an dorais a-steach, Ìre 0.

11:00 Fàs eòlach air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
13:00 Brod nan nithean ann an gailearaidhean na h-Alba
15:00 Turas cuspair *bidh seo eadar-dhealaichte gach latha, faighnich dhen luchd-obrach*

Cleoc nam Mìle Bliadhna, Lorgan, Ìre 1
Na cail an cothrom air Cleoc nam Mìle Bliadhna 's e a' dùsgadh gu beatha gach uair a thìde eadar 11m agus 4f.

Innealan obrach
Cùm sùil airson na modailean, innealan is einnseanan obrach eachdraidheil againn a chithear air feadh nan gailearaidhean.



An sealladh o bharraid a' mhullaich, Ìre 7
Dèan air barraid a' mhullaich agus gabh tlachd ann an sealladh Cathair Dhùn Èideann nach dìochuimhnich thu ri d' bheò. Lean ris an t-slighe ghorm air a' mhapa air an taobh eile agus ruigidh tu ann slighe an staidhre on gailearaidh *Gnìomhachas is Ìmpireachd*, Ìre 5 no slighe àrdaichear na barraid am broinn gailearaidhean na h-Alba.

Fàilte gu Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba


Tha saoghal ri rùrachadh air gach ùrlar is na mìltean de rudan mìorbhaileach air feadh dusanan de ghailearaidhean, prògram beòthail de thachartasan, taisbeanaidhean a dh'atharraicheas gu cunbhalach agus deagh àitichean airson biadh is fois a ghabhail.

Rùraich an taigh-tasgaidh

- Discoveries (Lorgan)**
Fàs eòlach air cuid dhe na h-euchdan Albannach as motha agus buaidh mhòr a thug Albannaich air feadh an t-saoghail.
- The Natural World (An saoghal nàdarra)**
Eadar fhànas is beathaichean ann an cunnart, rùraich iomadachd is èabhlaid air planaid agus an saoghal nàdarra.
- World Cultures (Cultaran an t-saoghail)**
Faigh sealladh de nithean annasach a sheallas cò ris a tha beatha dhaoine coltach agus mar a chuireas iad iad fhèin an cèill slighe nan ealan, ciùil agus taisbeantais.
- Art, Design and Fashion (Ealain, dealbhadh is fasan)**
Lean ri sgeulachd bhrosnachail na cruthachalachd 's tu a' coimhead air na h-ùlaidhean struidheil, dealbhaidhean àillidh agus ùr-fhasan an latha.
- Science and Technology (Saidheans is teicneolas)**
Fidir saoghal na tionnsgalachd 's tu a' leantainn mòr-lorgan saoghal saidheans is teicneolais a thug atharrachadh mòr air Alba agus an saoghal.
- Scotland (Alba)**
Rùraich sgeulachd na h-Alba o linn gu linn, eadar a toiseach geòlasach agus an latha an-diugh agus faic an t-atharrachadh a thàinig air beatha nan daoine ann an Alba tro na linntean.
- Exhibition galleries (Gailearaidhean nan taisbeanadh)**
Tha am prògram de thaisbeanaidhean againn a' sìor-atharrachadh – airson mion-fhiosrachadh mu na tha a' dol an-diugh, tog bileag *Taisbeanaidhean is tachartasan* no faighnich de sgioba an luchd-tadhail againn.
- Learning Centre (An t-ionad ionnsachaidh)**
An làr-ionad againn airson tachartasan ionnsachaidh agus gnìomhachdan brosnachail. Tog bileag *Taisbeanaidhean is tachartasan* no faighnich de sgioba an luchd-tadhail againn dè tha dol fhada 's a bhios tu ann.
- Research Library (An leabhar-lann rannsachaidh)**
Tadhail air an leabhar-lann againn a rùrachadh cuspairean an taighe-thasgaidh leis na leabhraichean eòlais, irisean is tasg-lannan againn. Fosgailte DiLuain gu DihAoine.
- Barraid a' mhullaich**
Gheibhear sealladh àlainn thairis air Cathair Dhùn Èideann o bharraid a' mhullaich againn – deagh-àite airson dealbhan a thogail.

Treòir nan comharran

- Deasg fiosrachaidh
- Taigh-beag nam ban
- Tiocaidhean/Ballrachd
- Taigh-beag nam fear
- Seòmair nan còta
- Taigh-beag so-ruigsinneach
- Àrdaichearan
- Taigh-beag (beag) seòmair nam badan
- Staidhre bheò
- Seòmair nam badan
- Staidhre
- Bùth
- Staidhre shniomhanach
- Cafaidh
- Ionad-cruinneachaidh
- Taigh-bidh
- Inntreigeadh chathraichean-cuibhle gu *Early People (Muinntir tràth)*, Ìre -1
- Àrainn chuirmean-cnuic
- Gu sònraichte do theaghlaichean



Highlights

- 14** **Crois Bhictòria** Pìobairean Loos
Scotland: A Changing Nation (Alba: Nàisean fo atharrachadh)
- 13** **Ching Ching**
Survival (Mairsinn)
- 12** **Ciste-laighe an stiùbhaird Khnumhotep**
Ancient Egypt Rediscovered (An Èiphit arsaidh air ùr-lorg)
- 11** **Weituo**
Exploring East Asia (A' rùrachadh Àisia an Ear)
- 10** **Cèis-leabhraichean Mhic an Tòisich**
Design for Living (Dealbhadh a chùim beatha)
- 9** **Sloc luathachaidh CERN**
Enquire (Faighnich)
- 8** **Gogan-ithe a' Phrionnsa Teàrlach**
Scotland Transformed (Alba chruth-atharraichte)
- 7** **Capra (gobhar) air a dhealbhadh le Pablo Picasso**
Making and Creating (A' dèanamh 's a' cruthachadh)
- 6** **Waka nam Māori**
Facing the Sea (Aghaidh ris a' mhuir)
- 5** **Tyrannosaurus rex**
Animal World (Saoghal nam beathach)
- 4** **Deise clò na Hearadh le Vivienne Westwood**
Fashion and Style (Fasan is stoidhle)
- 3** **Dolly a' chàora**
Explore (Rùraich)
- 2** **Fir-thàileisg Leòdhais**
Kingdom of the Scots (Rìoghachd nan Albannach), Level 1
- 1** **Ulaidh Dhùn Phèandair**
Early People (Muinntir tràth)